



Cuir fios thugainn an-diugh gus

## Sgrùdadh Sàbhailteachd Teine do Dhachaigh a chur air dòigh AN-ASGAIDH.

Bidh sinn gad chuideachadh gus cunnartan teine aithneachadh, cuiridh sinn air dòigh plana airson teicheadh à teine agus bheir sinn dhut fiosrachadh mu dheidhinn innealan-rabhaidh airson ceò, teas agus carbon monogsaid.

**CUIR FÒN GU 0800 0731 999, TEACSAICH 'FIRE' GU 80800 no TADHAIL AIR [firescotland.gov.uk](https://www.firescotland.gov.uk)**



**SCOTTISH**  
**FIRE AND RESCUE SERVICE**

Working together for a safer Scotland



## Faodaidh teine tachairt do dhuine sam bith.

Ach tha e mar dhleastanas oirnn do chuideachadh a dhèanamh cinnteach gu bheil an dachaigh agad cho sàbhailte 's a ghabhas bho theine. Mar sin, tha sinn a' tairgse Sgrùdaidhean Sàbhailteachd Teine do Dhachaigh an-asgaidh. Bidh an luchd-obrach againn gad chuideachadh gus cunnartan teine aithneachadh, cuiridh sinn air dòigh plana airson teicheadh à teine agus bheir sinn dhut fiosrachadh mu dheidhinn innealan-rabhaidh airson ceò, teas agus carbon monogaid.

Cha toir Sgrùdadh Sàbhailteachd Teine do Dhachaigh ach mu 20 mionaid. Agus dh'fhaodadh am 20 mionaid sin do bheatha a shàbhaladh.



@SFRSYourSafety



Deimhinn. **Gach uair a thide de gach latha, tha teine dachaigh ann an Alba.**

## Tha an sgrùdadh furasta ri chur air dòigh.

Faodar Sgrùdadh Sàbhailteachd Teine do Dhachaigh a chur air dòigh aig àm a tha freagarrach dhutsa, a latha no a dh'oidhche. Tha an Seirbheis cuideachd ag iarraidh air a' choimhearsnachd smaointinn air duine sam bith as aithne dhaibh a dh'fhaodadh a bhith ann an cunnart teine. Dh'fhaodadh gur e caraid, neach-dàimh no nàbaidh a th' ann.

Gus Sgrùdadh Sàbhailteachd Teine do Dhachaigh a chur air dòigh an-asgaidh dhut fhèin no do chuideigin as aithne dhut:

**CUIR FÒN GU 0800 0731 999**  
**TEACSAICH 'FIRE' GU 80800**  
no tadhail air **firescotland.gov.uk**

Feuch gun iarr thu dearbh-aithne oifigeil gach turas – bidh a h-uile neach-obrach Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba toilichte seo a shealltainn dhut ma dh'iarra tu.



**SCOTTISH**  
**FIRE AND RESCUE SERVICE**

Working together for a safer Scotland